

An Geàrr-chunntas Cùram Èiginn Agad

Dè tha e a' ciallachadh dhutsa?



Co mu dheidhinn a tha a' bhileag seo?

- Is e seo a' chiad bhileag ann an sreath gus leigeil fhaicinn dhut mu atharrachaidhean san dòigh sa bheil sinne ann an SNS a' tasgadh nan clàran-slàinte agad.
- Tha i ag innse dhut mu rudeigin ùr – An Geàrr-chunntas Cùram Èiginn – a bhios aig gach euslainteach ann an Alba a dh'aithghearr, agus na buannachdan a bhios an lùib seo.
- Tha i ag innse mun dòigh sam bi na clàran-slàinte agad air an tasgadh agus air an co-cheangal gu dealanach san àm ri teachd, agus mar a bhios seo math airson a' chùraim slàinte agad.

Tha e a' tachairt a-nis

Chan fhada gus am bi Geàrr-chunntas Cùram Èiginn aig gach neach an Alba.

Dè a th' ann an Geàrr-chunntas Cùram Èiginn?

Is e seo geàrr-chunntas de dh'fhiosrachadh bunaiteach mun t-slàinte agad a dh'fhaodadh a bhith cudromach nam biodh feum agad air cùram meidigeach èiginn nuair a tha ionad an dotair agad dùinte, no nuair a thèid thu gu roinn tubaist agus èiginn. Tha e a' ciallachadh gun urrainn do luchd-obrach uile SNS a tha a' coimhead às do dhèidh fiosrachadh cudromach fhaighinn mu do shlàinte, fiù's ged nach urrainn dhaibh fios fhaighinn bho ionad an dotair agad.



Tha am fiosrachadh a leanas sa Gheàrr-chunntas Cùram Èiginn agad.

- An t-ainm agad
- Ceann-latha do bhreith
- Ainm ionad an dotair agad
- Àireamh comharrachaidh ris an canar àireamh CSC (barrachd mun àireamh CSC a-rithist)
- fiosrachadh mu leigheasan sam bith a tha ionad an dotair agad air a thoirt dhut
- ma tha fios aig an dotair agad mu dhroch bhuaidh a bha aig leigheasan sam bith ort roimhe

Tha an Geàrr-chunntas Cùram Èiginn agad air a lethbhreacadh bho shiostam coimpiutair an dotair agad agus air a thasgadh ann an cruth dealanach. Is urrainn do luchd-obrach SNS an uairsin a lorg gu luath ma dh'fheumas iad fhaicinn.

Cò as urrainn coimhead air a' Gheàrr-chunntas Cùram Èiginn agam?

- Is urrainn do luchd-obrach SNS coimhead air a' Gheàrr-chunntas Cùram Èiginn agad air coimpiutair ma dh'fheumas iad cùram meidigeach a thoirt dhut nuair a tha ionad an dotair agad dùinte. Feumaidh iad foighneachd dhut co dhiù a tha thu ag aontachadh ris a seo mus coimhead iad air an fhiosrachadh agad.
- Ma dh'aontaicheas tu, chan fhaod ach an luchd-obrach a tha air an liosta gu h-iseal coimhead air a' Gheàrr-chunntas Cùram Èiginn agad.
 - Dotairean, banaltraman agus luchd-fàilteachaidh ann an ionadan meidigeach èiginn.
 - Luchd-obrach aig SNS 24 a tha an sàs sa chùram agad.
 - Luchd-obrach ann an roinnean tubaist agus èiginn ospadalan.
- San àm ri teachd dh'fhaoidte gum bi e ceadachd do luchd-obrach charbadan-eiridinn coimhead air a' Gheàrr-chunntas Cùram Èiginn agad.
- Ma bhios tu gun mhothachadh, dh'fhaoidte gun coimhead luchd-obrach SNS air a' Gheàrr-chunntas Cùram Èiginn agad gun aonta bhuat. Is ann airson 's gun urrainn dhaibh an cùram as fheàrr a thoirt dhut a tha seo.

Ciamar a tha fios agam gu bheil am fiosrachadh a tha sa Gheàrr-chunntas Cùram Èiginn agam tèarainte?

- Bidh SNS a' tasgadh a' Gheàrr-chunntas Cùram Èiginn agad ann an cruth dealanach, a' cleachdadh nan ìrean as àirde de theàrainteachd.
- Cha bhi cead ach aig an luchd-obrach SNS a tha gu dìreach an sàs sa chùram mheidigeach agad coimhead air a' Gheàrr-chunntas Cùram Èiginn agad.
- Cha bhi e comasach do luchd-obrach SNS coimhead air a' Gheàrr-chunntas Cùram Èiginn agad mura bi facal-faire sònraichte aca a leigeas leotha seo a dhèanamh.
- Thèid clàr a chumail den a h-uile duine a choimhead air a' Gheàrr-chunntas Cùram Èiginn agad.
- Bidh e comasach do dh'ionad an dotair agad fiosrachadh fhaighinn a thaobh cò a choimhead air a' Gheàrr-chunntas Cùram Èiginn agad ma dh'iarras tu sin orra.

Dè mura bheil mi cinnteach gu bheil mi ag iarraidh Geàrr-chunntas Cùram Èiginn?

- Mura bheil thu ag iarraidh gun tèid Geàrr-chunntas Cùram Èiginn a dhèanamh dhut, innis do dh'ionad an dotair agad.
- Cuimhnich, ma tha Geàrr-chunntas Cùram Èiginn agad, gun tèid foighneachd dhut am faod luchd-obrach coimhead air gach uair a dh'fheumas iad. Chan fheum thu aontachadh ris a seo.

Am faod mi an Geàrr-chunntas Cùram Èiginn agam fhaicinn?

- Ma tha thu airson an Geàrr-chunntas Cùram Èiginn agad fhaicinn, iarr air an dotair agad lethbhreac dheth a dhèanamh airson 's gun urrainn dhut coimhead air.
- Ma tha thu a' smaoinichadh gu bheil càil ceàrr, iarr gun tèid atharrachadh.

Dè thachras san àm ri teachd?

San àm ri teachd, bidh clàr-slàinte dealanach aig a h-uile h-euslainteach ann an Alba. Tha an còrr den a' bhileig seo a' mìneachadh carson a tha seo cudromach gus an cùram as fheàrr a ghabhas faighinn a sholarachadh air SNS.

Dè a th' ann an clàr-slàinte dealanach?

- Is e seo fiosrachadh sam bith mun t-slàinte agad agus mun a' chùram slàinte agad a tha air a thasgadh ann an cruth dealanach.
- Cleachdaidh sinn àireamh comharrachaidh ris an canar àireamh Clàr-slàinte Coimhearsnachd (CSC gu goirid) gus diofar phàirtean den chlàr-slàinte agad a tha air an cumail ann an àiteachan eadar-dhealaichte de SNS a cheangal ri chèile.

Ciamar a tha na clàran-slàinte agam air an tasgadh an-dràsta?

- Tha a' chuid as motha den fhiosrachadh slàinte agad air a chlàradh air pàipearan a tha air an cumail ann an àiteachan eadar-dhealaichte. Mar eisimpleir, bidh aon sheata de chlàran aig ionad an dotair agad, agus bidh seata eile aig ospadal sam bith anns an robh thu.
- Bidh dotairean agus ospadalan a' tasgadh cuid de chlàran ann an cruth dealanach, ach chan eil na coimpiutairean eadar-dhealaichte a tha iad a' cleachdadh air an ceangal ri chèile. Mar sin, nuair a thèid thu do dh'ospadal, chan urrainn don luchd-obrach an sin coimhead air a' chlàr-slàinte a tha air a chumail ann an ionad an dotair agad.



Dè na buannachdan a tha an lùib chlàran-slàinte dealanach?

- Is urrainn do luchd-obrach SNS fiosrachadh meidigeach a lorg mu do dheidhinn fada nas luaithe.
- Bidh dealbh nas iomlaine aig luchd-obrach a bhios gad leigheas a thaobh do shlàinte agus an eachdraidh mheidigeach agad. Mar eisimpleir, thèid againn air faighinn a-mach gu luath ma tha suidheachadh meidigeach leantainneach agad, no ma chaidh thu fo obair-lannsa bho chionn ghoirid.
- Bidh am fiosrachadh seo ri fhaotainn fiù 's ged nach biodh tu aig an taigh – mar eisimpleir, ma tha thu ann am pàirt eile de dh'Alba.
- Bidh e nas fhasa dhut coimhead air na clàran-slàinte agad fhèin, mar eisimpleir, ma tha thu airson dèanamh cinnteach gu bheil iad ceart.

Dè cho luath 's a bhios clàr-slàinte dealanach agam?

- Tha sinn mar-thà a' tasgadh cuid de chlàran ann an cruth dealanach, ach bidh ùine ann mus tèid na clàran-slàinte agad uile a chumail gu dealanach.
- Bidh dreis mhath ann cuideachd mus tèid againn air na clàran agad uile a cheangal ri chèile, a' cleachdadh an àireimh CSC.
- Tha a' chuid as motha de thoraidhean deuchainne a-nis air an tasgadh air coimpiutair. Tha seo a' ciallachadh gum faigh an dotair agad na toraidhean fada nas luaithe, gun a bhith a' feitheamh ri litir.
- Gu tric bidh litrichean mun a' chùram agus an leigheas agad air an cur gu dealanach eadar luchd-obrach SNS agus air an tasgadh air coimpiutair. Dh'fhaoidte gun tachair seo, mar eisimpleir, ma tha an dotair agad gad chur gu ospadal, no ma tha thu a' fàgail ospadal.

A bheil barrachd fiosrachaidh a dhìth ort?

- Bidh loidhne-cuideachaidh sònraichte ri fhaotainn suas gu 30 Sultain 2006 gus fiosrachadh a thoirt dhut mu chàil a tha sa bhileig seo. Cuir fòn chun an loidhne-chuideachaidh seo air **0800 85 85 31**. Tha an loidhne-cuideachaidh seo ri fhaotainn bho 11m gu 7f.
- Airson fiosrachadh mun a' gheàrr-chunntas cùram èiginn agad no na clàran-slàinte dealanach bho 1 Dàmhair 2006, cuir fòn gu Loidhne-cuideachaidh SNS air **0800 22 44 88**.
- Ma tha thu airson barrachd fhaighinn a-mach mu na clàran-slàinte agad agus na tha annta, iarr airson na bileagan '*Mar a chì thu na clàran-slàinte agad*' agus '*Dìomhaireachd – is e seo do chòir*'. Gheibh thu na bileagan seo bho:
 - ionadan dotair, ionadan fiaclair, ospadalan agus àiteachan eile far am faigh thu cùram SNS;
 - loidhne-cuideachaidh SNS air **0800 22 44 88**;
 - **www.scotconsumer.org.uk/hris**; agus
 - biùro comhairleachaidh a' phobaill ionadail agad (lorg am biùro as fhaisge ort air an eadar-lìon aig **www.cas.org.uk** no anns an leabhar-fòna ionadail agad).



Chaidh susbaint na bileige seo a leasachadh le Fiosrachadh Còraichean Slàinte Alba.

Tha a' bhileag seo dèante le Roinn Slàinte Riaghaltas na h-Alba.

Cuir fios thugainn ma tha thu ag iarraidh na bileige seo air teip claidinne, ann an clò nan dall, ann an clò nas motha no ann an Arabach, Hindu, Sìonais, Beangalaidh, Puinsiabaidh, no Urdu. Cuir post-d gu **ECSLeaflet@scotland.gsi.gov.uk**



SCOTTISH EXECUTIVE

© Crown copyright 2006

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri faotainn air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba:
www.scotland.gov.uk

ISBN: 0-7559-5009-7

Astron B45771 7/06 (Gaelic)

Gheibh thu tuilleadh lethbhreacan bho:
Blackwell's Bookshop
53 South Bridge
Edinburgh
EH1 1YS

Òrdain fòna agus ceistean
0131 622 8283 no 0131 622 8258

Òrdain facsa
0131 557 8149

Òrdain post-d
business.edinburgh@blackwell.co.uk

Thathar a' meas gu bheil an t-eadar-theangachadh seo na riochdachadh cuimseach dhen tùs-sgrìobhainn.

ISBN 0-7559-5009-7



9 780755 950096